



# Slighe mhòr na pleadhaige

Tha obair air tòiseachadh air a' chiad slighe oifigeil do churaichean ann an Alba, a shìneas tron Ghleann Mhòr eadar an Gearasdan agus Inbhir Nis

## Tha aon de dh'àiteachan turasachd as mòr-chòrdte do luchd-turais ann an Alba deiseil airson a' chiad slighe churaichean oifigeil san dùthaich.

Tha Slighe Churaichean ùr a' Ghlinne Mhòir a' tabhann cothrom do luchd-pleadhaidhe nàiseanta is eadar-nàiseanta a dhol tarsainn air an dùthaich bho chosta gu costa. Bidh comas aca 100 cilemeatair a shiubhail eadar An Gearasdan agus Inbhir Nis, a' dol tro Sheòlaid a' Ghlinne Mhòir agus ceithir lochan, nam measg uisgeachan dùbhlànach Loch Nis a tha ainmeil air feadh an t-saoghail.

Tha Dòmhnall Mac a' Phearsain na oifigeir pròiseict, is bidh esan a' stiùireadh an leasachaidh gus am fosgail e anns an earrach 2010. "Tha e fìor mhath a bhith a' gabhail pàirt ann a bhith a' libhrigeadh pròiseact cho sònraichte," thuirt Dòmhnall. "Tha an t-slighe air a deagh shuidheachadh airson iomadh neach a thàladh a tha fìor mheasail air spòrs a-muigh san dùthaich, an dà chuid daoine a tha eòlach air pleadhagadh agus iadsan nach eil, oir 's e àite suaicheanta a tha ann le seallaidhean is fiadh-bheatha mìorbhaileach.

"Agus tha e na bhuannachd mhòr gu bheil grunn àiteachan tòiseachaidh is criòchnachaidh anns a' Ghleann Mhòr, an coimeas ri àiteachan pleadhagaidh eile far nach eil ach aon rathad às, is sin a bhith a' cur crìoch air an t-slighe air fad. Cha tig a h-uile duine an seo airson an t-astar air fad a dhèanamh, a ghabhadh ceithir no còig làithean. Bidh feadhainn a' roghnachadh cuairt là no dà là a dhèanamh."

Chaidh còrr is £600,000 a chur an seilbh ann an Slighe Churaichean a' Ghlinne Mhòir, a tha ag amas air làn brath a ghabhail air a' mhargaid phleadhagaidh a tha a' sìor dhol am meud is e a' fàs 25% gach bliadhna. Fhuaras maoineachadh bho Mhaoin Leasachaidh Roinnean na h-Eòrpa, Slighean-uisge Bhreatainn (Alba), Comhairle na Gaidhealtachd, Coimisean na Coilltearachd agus Dualchas Nàdair na h-Alba.

Thathas a' cur a-steach slaodan iosal aig geatachan-uisge agus drochaidean airson 's gum bi e nas fhasa a bhith a' dol a-steach no a' tighinn a-mach às an uisge. Bidh 'àiteachan-foise do thùsairean', far am faighear àiteachan-

campaidh neo-fhoirmeil agus pàircean chàraichean sàbhailte sònraichte, aig gach ceann a' ghlinne.

Gheibhear làn fiosrachaidh mu shàbhailteachd, rèiteachaidhean còmhdaidh, àiteachan-fuirich agus na goireasan a tha ri fhaighinn air an t-slighe, air a bheil puist-seòlaidh, air làrach-lìn Slighe Churaichean a' Ghlinne Mhòir a thig am bàrr a dh'athghearr, agus anns a' bhileig fiosrachaidh agus leabhar-iùil a tha air am moladh. Tha iad seo ag amas air an t-luchd as motha a thabhann do luchd na pleadhaidhe air a' chuairt aca.

A bharrachd air sin, bidh pannal mineachaidh a' toirt cunntas air seòlaidhean agus a' tabhann comhairle shàbhailteachd aig gach àite far am bi daoine a' dol a-steach no a' tighinn a-mach. Bidh na pannalan seo a' cur ri soidhnichean mineachaidh 'Slighean a' Ghlinne Mhòir' a tha ann mar-thà, a tha a' sanasachadh trì dòighean seasmhach tadhal air an sgìre – air bàta, air cois no air baidhsagal - agus air a bheil fiosrachadh mu chultar, dualchas agus fiadh-bheatha ionadail.

B' fheàrr le feadhainn de bhuidheann a tha gu ìre eòlach air a' churach a sheòladh air uisgeachan fosgailte na cuairtean aca fhèin a chur air dòigh. Ach b' fheàrr le feadhainn eile cuairt a ghabhail is e air a stiùireadh le companaidh chur-seachadan ionadail a chuireas còmhdaidh, àiteachan-fuirich, uidheam, biadh agus deoch air dòigh dhaibh, cho math ri bhith a' tabhann eòlas ionadail mu champadh agus goireasan sàbhailteachd.

"A dheoin no a dh'aindeoin is tha thu a' dèanamh Slighe Churaichean a' Ghlinne Mhòir air do cheann fhèin no còmhla ri companaidh, bidh e an dà chuid na dhùbhlàn agus na fhoghlam air aighear a' bhlàir a-muigh," thuirt Dòmhnall.

"Ged a tha daoine a' cleachdadh churaichean Innseanach fosgailte air Seòlaid a' Ghlinne Mhòir mar as trice, tha barrachd is barrachd dhaoine a' dol ann le curaichean mara, a tha a' gearradh tron uisge agus a tha a' dol nas luaithe. Ach a dh'aindeoin de seòrsa curaich a tha thu a' taghadh, agus a dh'aindeoin cho sgìleil is a tha thu, chan fhaigh thu dad nas fheàrr na cuairt air Slighe Churaichean ùr a' Ghlinne Mhòir."

Ma tha ùidh agad barrachd fiosrachaidh fhaighinn, cuir fios dhan oifigeir-pròiseict air 01463 725 563 no post-dealain gu [donald.macpherson@britishwaterways.co.uk](mailto:donald.macpherson@britishwaterways.co.uk)